



Dè tha dol?/What's new?

Coitheanal Òir

Tapadh leibh airson an fhios air ais a fhuair sinn às dèidh a' chiad Choitheanal Òir againn. Tha sinn a' cumail oirnn a' smaoinichadh air dòighean-obrach na sgoile air fad airson deagh ghiùlan is deagh inbhean sgoilearachd a bhrosnachadh gus a' chlann a chuideachadh a' soirbheachadh san sgoil. Chaidh beachdan is molaidhean iarraidh air na sgoilearan is an luchd-obrach mu dhòighean gus an Coitheanal Òir agus an t-Àm Òir a dhèanamh nas fheàrr.

Tha na clasaichean is a' chlann air aontachadh gu bheil:

1. Barrachd chloinne a' cumail Àm Òir na bha san teirm roimhe
2. Coitheanal Àm Òir a' brosnachadh giùlan nas fheàrr
3. E cudromach gu bheil a' toirt cuireadh do phàrantan gus com-pàirt a ghabhail ann an soirbheas na cloinne aig a' Choitheanal Òir.

Tha clasaichean is tidsearan air moladh gum bu chòir dhuinn am poileasaidh againn atharrachadh sna dòighean a leanas:

1. Clann uile fhiathachadh chun a' Choitheanail
2. Cothrom a thoirt do chloinn na mionaidean Àm Òir a chaill iad a bhuannachadh air ais gach seachdain
3. Chaidh aontachadh gun tèid 10 mionaidean fhathast a chall sa bhad 'son leanabh eile a ghoirteachadh gu corporra no 'son droch chainnt
4. Gum bi cleasan ann aig Àm Òir a bhios a' chlann fhèin a' taghadh.

Chaidh gabhail ris na molaidhean seo uile is chaidh am poileasaidh Brosnachadh Deagh Ghiùlain againn ùrachadh.

Golden Assembly

Thank you for the feedback we received after our first Golden Assembly. We are continuing to think positively about our whole school approach to encouraging good behaviour and fostering good academic standards to help children succeed at school.

Pupils and staff were asked for their views and suggestions on ways to improve Golden Assembly and Golden Time.

Classes and children have agreed that

1. More children are keeping Golden time than in the previous term
2. Golden Time Assembly encourages better behaviour
3. It is important that parents are invited to share in their child/children's success at Golden Assembly.

Classes and teachers have suggested that we should adapt our policy to.....

1. Invite all children to the assembly
2. Give children the opportunity to gain back lost Golden time minutes each week



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Cuairt-litir/Newsletter 19

An Dùbhlachd/December 2009



3. Agreed that physically hurting another child and bad language will remain an automatic loss of 10 minutes

4. Have golden activities at Golden Time that children themselves opt into.
All of these suggestions have been adopted and our Promoting Positive Behaviour policy has been updated.

Cailleach-Oidhche

Thàinig duine dhan sgoil le 'Eagle Owl'. Bidh i ag ithe Sionnaich, rabaidean agus luchan. Nuair a tha i a' sgeith, tha na sgiathan 6 troighean a dh' fhaid. Chòrd e rinn gu mòr. Anika agus Caitlin, Clas 1/2

Birds of Prey Visit

A gentleman came to visit our school and brought an eagle Owl with him. The Eagle Owl eats foxes, rabbits and mice. She has a wing span of 6 ft when flying. We enjoyed it very much. Anika and Caitlin, P1/2

Bogsaichean Blytheswood

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chur ris na Bogsaichean Blytheswood againn. Chaidh againn air 25 bogsa a lìonadh uile gu lèir! Chòrd seo gu mòr ris a' chloinn. Sna seachdainean a tha romhainn tha sinn an dòchas bhidio fhaicinn air an eadar-lìon den chloinn a' fosgladh nam bogsaichean aca. Mòran Taing. Clas 1/2 agus Clas 2/3

Blytheswood Shoebox Appeal

Many thanks to everyone who contributed to the Shoebox Appeal collection. We managed to fill 25 shoeboxes altogether! This was a good experience for all the children and they enjoyed filling the boxes.

Over the next few weeks we hope to see some video footage on the internet of the children opening their boxes. Mòran Taing. Clas 1/2 agus Clas 2/3

Oidhche Iomlaid

Thog an 'Oidhche Iomlaid' £220. Taing do phàrantan a thug taic dhan tachartas. Thèid an t-airgead ris na tiodhlacan is na h-ullachaidhean Nollaige againn.

Swap Night

The Sgoil-àraich fundraiser 'Swap Night' raised £220. Thank you to parents who supported the event. Funds will contribute to our Xmas gifts and preparations.

Taing

Tha pàrantan air a bhith trang a' cuideachadh san Sgoil-àraich air an teirm seo! Taing mhòr do na pàrantan a leanas a thadhail air an Sgoil-àraich: Fran NicFhionghain is Shona Haggerty a chuidich a' chlann gus ionnsachadh mu ospadalan agus Claire NicThòmais airson tadhal air an Sgoil-àraich le carbad-eiridinn. Thàinig Brian MacCoinnich le bhan phuist cuideachd gus a' chlann a chuideachadh ag ionnsachadh mu oifis a' phuist. Agus bha Catriona Stachan



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Cuairt-litir/Newsletter 19

An Dùbhlachd/December 2009



againn a' cluiche ceòl beòthail airson Cèilidh Latha Naomh Anndra! Tha sloc-gainmhcheadh ùr againn is sgeadachaidhean fiodha gus an Raon A-muigh a dhèanamh nas tarraingiche - taing do Steven Caimbeul airson sin. Leigibh fhaicinn dhuinn ma tha sgilean no tàlantan sònraichte agaibh a chuireas ris an Sgoil-àraich. Tha gach cuideachadh di-beathte.

Thanks

Parents have been busy helping the Sgoil-àraich this term! Thank you to the following parent visitors to the Sgoil-àraich, Fran MacKinnon and Shona Haggerty for visiting the sgoil-àraich to help children learn more about hospitals and Claire Thomson for visiting the sgoil-àraich with an ambulance. Brian MacKenzie also visited with a post van to help the children learn more about the post office. And finally, Catriona Stachan also played lively music for the St. Andrew's Day Cèilidh! We also have a great new sand pit and coloured wooden hangings to brighten our Outdoor Area thanks to Steven Campbell. Please let us know if you have any special skills or talents that can contribute to our Sgoil-àraich. All help is greatly appreciated.

Naidheachdan Eco/Eco News

Nollaig Eco

Aig coinneamh a chumadh o chionn ghoirid, bha a' Chomataidh ECO a' smaoineachadh gum bu chòir gach sgoilear aon chairt Nollaige a thoirt dhan sgoil, no tè a dhèanamh aig an taigh, is gum faodadh an caraidean uile an ainmean a chur rithe. Bheireadh iad an uair sin a' chairt dhachaigh. Lùghdaicheadh seo sgudal is bhiodh seo na b'fheàrr dhan àrainneachd. Mar sin, tha sinn gu mòr airson 's gun tachair seo.

Eco Christmas

At a recent meeting, the Eco committee felt that each pupil should take a single Christmas card to school, or make one at school, for all their friends to sign. They would then take this card home. It was felt that this would reduce waste and be a more Eco friendly way of celebrating Christmas with their friends. Therefore, we would be very keen for this to happen.

Plana Gnìomha

An-uiridh rinn a' Chomataidh Eco ath-bhreithneachadh Eco gus na rudan air am bu chòir dhuinn a bhith ag amas sna mìosan a tha romhainn a chomharrachadh. Thog an t-ath-bhreithneachadh na prìomh raointean a leanas: Sgudal, An Raon-chluich agus Slàinte is Mathas. Bidh am plana air an làrach-lìn gun fhios nach eil sibh 'son taic a thoirt dhuinn.

Action Plan

Last year's Eco Committee carried out an environmental review to identify what we should focus on in the coming months. The review highlighted Litter, School Grounds and Health and Well being as the key areas for focus. The plan will be posted on the website should you wish to find out more or support us in any way.



Naidheachd Comhairle nan Sgoilearean/Pupil Council News

Carthannasan

Bha Comhairle nan Sgoilearan a' smaoinichadh gum biodh e math airgead a thogail do charthannasan ainmichte gach bliadhna. Chùm iad còmhraidhean mun a seo len co-aoisean is cho-dhùin iad gun togadh iad airgead airson CLIC Sargent agus an Inverness MS Therapy Centre.

Charities

The Pupil Council thought it would be a good idea to fundraise for nominated charities each year. They discussed this with their peers and decided to fundraise for CLIC Sargent and Inverness MS Therapy Centre.

Togail Maoin-Sgoile

Tha Comhairle nan Sgoilearan is Comhairle nam Pàrant air bruidhinn air na rudan a tha a dhìth oirnn mar sgoil agus bha àite-fasgaidh a-muigh san raon-chluich air bàrr an liosta! Mar sin, thèid tachartasan is airgead maoin-sgoile uile gu ruige maoin an àite-fasgaidh agus tursan sgoile.

School Fundraising

The Pupil Council and Parent Council have discussed what we need as a school and an outside shelter was top of the list! Therefore, all school fundraising events and monies shall go towards the outdoor shelter fund and school trips.

Soirbheachadh agus Coileanadh/Successes and Achievements

Clann ann an Èis

Bha Clann ann an Èis dìreach sgoinneil! Rinn Clas 6/7 tachartasan mar geama Pudsaidh, Stàile leabhraichean, geama bùird, cur dath, taisbeanadh tàlant agus peantadh aodainn. Chruinnich iad £217.65. 'S math a rinn iad! Le Johnathan P6/7

Children in Need

P6/7 were very busy and planned a great day of activities such as a Pudsey game, Book stall, board game stall, colouring in, face painting and a talent show. They raised £217.65. Well done! Johnathan P6/7

Clas 5/6 a' seinn airson Kilts For Kids Day

Chaidh clas 5/6 dhan Eastgate air Dihaoine 27mh An t-Samhain. Fhuair sinn bus aig leth uair an dèidh naoi oir bha sinn seinn aig an Eastgate aig 10:00. Bha sinn a togail airgead airson a' charthannais *children 1st*. *Se latha* Kilts For Kids a bh'ann, co-cheangailte ri latha Naomh Anndra. Sheinn sinn faisg air 20 òrain agus da laoidh Nollaig. Chrìochnaich sinn le Glagan Binn ann an Gaidhlig. Rinn Sophie solo ach cha robh na mikes ag obair's mar sin cha do rinn duine sam bith eile òrain leotha fhèin.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Cuairt-litir/Newsletter 19

An Dùbhlachd/December 2009



Bha e uabhasach spòrsail a' seinn aig an Eastgate is chord e ruinn gu mor!
Le Jack agus Donald, P5/6

Kilts for Kids

P5/6 entertained shoppers at Eastgate Centre on Friday 27th November to support Children 1st in their first Kilts for Kids Day! They sang beautifully and represented the school very well! The children sang 20 songs and 2 Christmas Carols, finishing off with Glagan Binn (Jingle Bells). Sophie sang a solo and as the mics were not working no other children sang a solo. The children thoroughly enjoyed singing at Eastgate centre and had great fun!

Là Naomh Anndra

Rinn an Sgoil-àraich is an Fheadhainn Bheaga sa Bhun-sgoil obair fìor chruaidh gus cèilidhean fiosrachail is sòlasach ullachadh airson Là Naomh Anndra a chomharrachadh. Bha na tachartasan cho spòrsail is thug seo cothrom dhan Sgoil-àraich obrachadh leis a' Bhun-sgoil agus le Aonad Gàidhlig Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis. Bha a' chlann fìor mhath agus taing mhòr don luchd-obrach airson na rinn iad gus taic a thoirt seachad.

St Andrews Day

The Sgoil-àraich and Infant department worked very hard to prepare both informative and hugely entertaining Cèilidhs celebrating St Andrew's Day. The events were a lot of fun and gave the Sgoil-àraich an opportunity to work with pupils from both the primary school and the Gaelic Unit in the Inverness Royal Academy. The children performed beautifully and a big thank you to the staff for all their hard work behind the scenes!

Nollaig bhon Ghàidhealtachd

Rinn a' chlann fìor mhath le fiolmadh Nollaig bhon Ghàidhealtachd bho Eaglais Bruach Nis. Bha iad misneachail is chaidh iad chun an àrd-ùrlair còmhla ri luchd-ciùil proifeasanta fhad 's a bhathar gam fiolmadh!

Taing do na teaghlaichean is do na sgoilearan as òige a bha aig an t-seirbheis. Dh'fheumadh a' chlann suidhe stòlta san eaglais airson ùine glè fhada ach rinn iad sin is bha sinn fìor mhoiteil às na sgoilearan uile.

Nollaig bhon Ghàidhealtachd

The children performed beautifully during the filming of Nollaig bhon Ghàidhealtachd at Ness Bank Church. They were confident individuals who took to the stage and performed with professional musicians while being filmed! Thank you to all the families and younger pupils who attended the service. It was a long time for the children to sit quietly in the church but they did so and we were very proud of all the pupils.



Fiosrachadh/Information

Proiseactan Plan Leasachadh Càileachd

1. A' Togail Coimhearsnachd

A' measadh nan rèiteachaidhean làithreach airson obair-dachaigh/ionnsachadh agus a bhith a' comharrachadh leasachaidhean;

Meudaich misneachd nan sgoilearan san dearbh-aithne Ghàidhlig aca;

Aithnich is comharraich coileanadh.

2. Sgrìobhadh Gàidhlig

Tuigse mu cho chudtromach sa tha Gàidhlig agus cànan eile;

Comasan litrearrachd a leasachadh gu h-àraidh ann an sgrìobhadh Gàidhlig.

3. A' Leasachadh Ionnsachadh agus Teagasg

Dèan cinnteach gu bheil sgoilearan com-pàirtichte agus gnìomhach nan cuid ionnsachaidh;

Leasaich tuigse mu na dòighean sam bi daoine, an àrainneachd, buaidh nan gnìomhan aca, an dà chuid ionadail agus cruinneil an crochadh air a chèile.

School Improvement Plan Projects

1. Building Community

Evaluating current arrangements for homework/learning and identifying improvements;

Further increase pupil's confidence in their Gaelic identity;

Recognise and celebrate achievement.

2. Improve attainment in Gaelic Writing

An understanding of what is special, vibrant and valuable about my own language and other languages;

Reflect on and explain my own literacy and thinking skills, using feedback to help me improve and sensitively provide feedback for others;

Improve attainment in writing in an appropriate range of genres.

3. Improving Learning and Teaching

Ensure that pupils are engaged and active in their learning;

Develop an understanding of the interdependence between people, the environment, and the impact of their actions, both local and global.

Ruith

Bidh Ruith ann air 10/12 agus 17/12 ma bhios an t-sìde ceart gu leòr.

Bu thoil le Mrs MacVicar agus Mrs Robertson taing a thoirt dha na parantan a tha air cuideachadh - Maria Cuthbert, Kim MacDonald agus Angela Cran.

Athletics Club

The club will be running on 10/12 and 17/12 weather permitting. Mrs MacVicar and Mrs Robertson would like to thank the parent helpers - Maria Cuthbert, Kim MacDonald and Angela Cran.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Cuairt-litir/Newsletter 19

An Dùbhlachd/December 2009



Athletics Club numbers remain healthy, with 30 children on our register. We have been concentrating this term on running skills with children showing increased stamina and fitness for our weekly 'big run.'

Seirbheis Dùnadh Sgoile

Chaidh fiosrachadh a thoirt do na pàrantan uile mu na bhiodh a' tachairt ri linn droch aimsir. Bu toil leam gun toireadh sibh fa-near gun urrainn dhan sgoil brathan a chlàradh cuideachd, a thaobh dùnadh sgoile sam bith, air an t-seirbheis seo. Mar sin, ma tha an sgoil air dùnadh air sgàth cion teas/uisge teth msaa cuiribh fòn chun an t-seirbheis gus am fiosrachadh as ùire fhaighinn.

School Closure Service

All families were given information regarding bad weather procedures. I would like to bring to your attention that the school can also record messages, regarding any school closures, on this service. Therefore, if the school should be closed due to no heating/hot water etc please ring the service to keep informed.

An Nollaig

Tha clann is luchd-obrach na sgoil-àraich trang ag ullachadh an Deilbh-breith Nollaige An t-Aingel 'Whoops-A-Daisy'. 'S e sgeulachd laghach mu aingel a tha diofraichte bhon chòrr a tha san Dealbh-bhreith seo a tha stèidhichte air òrain. Bidh i a' dèanamh mhearachdan, tha i ann am bùrach daonnan agus uabhasach mì-sgiobalta. Chan fhaigh i ach obair a tha furasta air sàilleabh 's nach eil i cho math le na h-ainglean eile. Ach, tha a cridhe cho math ris an òr agus cha bhi i idir a' gearan. Mar sin, aon latha, fhuair i rudeigin a bha gu math cudromach ri dhèanamh agus tha i a' dèanamh sàr obair dheth...

Cinn-là Cudromach:

Clann an t-Seisein Fheasgair: 18 Dùbhlachd - 2.30 - 3.00f

Clann an t-Seisein Mhaidne: 21 Dùbhlachd - 10.45 - 11.30m


Christmas

The Sgoil-àraich children and staff are busy preparing our Xmas Nativity 'Whoops-A-Daisy' Angel. The song based Nativity is the delightful story of an angel who is different from all the rest. She makes mistakes, is forgetful, clumsy and dresses untidily. She is only given the simplest jobs to do. She has a heart of gold and never complains, so one day is given a very important job to do and manages to do it perfectly....

Dates Reminder:

PM Session children 18th Dec - 2.30 - 3.00pm

AM Session children 21st Dec 10.45 - 11.30am



Tachartasan Nollaige
Christmas activities - reminder



Ceann-là/Date	Uair/Time	Tachartas / Event
Diciadain / Wednesday 16/12		Stàile Eco Nollaige le Comhairle nam Pàrant & Comhairle nan Sgoilearan Christmas Eco Stall by Parent Council & Pupil Council
Diardaoin / Thursday 17/12	9.40 agus 2f	Dinnear Nollaige / Christmas Lunch Coitheanal Òir / Golden Assembly
Dihaoine / Friday 18/12	2.30-3.00	Partaidhean Clas 4/5 agus Clas 6/7 P5/6 and P6/7 Party (Party clothes) Dealbh-breith Sgoil-àraich Nativity (pm session)
Diluain / Monday 21/12	10.45 - 11.30	Dealbh-breith Sgoil-àraich Nativity Partaidh / Party Clas 2 (Party clothes) Partaidh / Party Clas 3 (Party clothes)
Dimàirt / Tuesday 22/12	9.30 - 11.00 2.00f	Partaidh / Party Sgoil-àraich (Santa 10.30 and Sgoil-àraich Parents invited to attend at 10.30) Partaidh / Party Clas 1 (Party clothes) Final Dress Rehearsal of Whole School Christmas performance (Sgoil-àraich Parents invited)
Diciadain / Wednesday 23/12	10m	Seirbheis Nollaige / Christmas Service



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
Cuairt-litir/Newsletter 19
An Dùbhlachd/December 2009

